

GEÀRR-CHUNNTAS CÀILEACHD UISGE ÒIL NA H-ALBA 2011

AITHISG BHLIADHNAIL RIAGHLADAIR UISGE ÒIL NA H-ALBA

A' DÌON CÀILEACHD AN UISGE ÒIL AGAIBH

GEÀRR-CHUNNTAS CÀILEACHD UISGE ÒIL NA H-ALBA 2011

AITHISG BHLIADHNAIL RIAGHLADAIR UISGE ÒIL NA H-ALBA




© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2012

Tha na mapaichean anns an sgrìobhainn seo stèidhichte air stuth bho Shuirbhidh an Òrdanais le cead bhuapa às leth Stiùiriche Oifis Pàipearachd na Banrighe © dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2012. Tha ath-nochdadh gun chead a' briseadh dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin agus dh'fhaoidte casaid a thogail air no cùis lagha chatharra èirigh às. Àireamh Teisteanais Riaghaltas na h-Alba: 100024655, 2012.

Foillsichte às leth Riaghladair Càileachd Uisge Òil na h-Alba (DWQR), Sultain 2012.

Dèante do Riaghladair Càileachd Uisge Òil na h-Alba le APS Group Alba DPPAS12684 (08/12)
Tha tuilleadh lethbhreacan rim faighinn bho DWQR aig www.DWQR.org.uk no 0131 244 0190.

Tha duilleagan teacsa na sgrìobhainn seo clò-bhuailte air pàipear a ghabhas ath-chuairteachadh gu lèir.



FACAL TÒISEACHAIDH

Tha mi toilichte an aithisg bhliadhnail seo air càileachd uisge òil na h-Alba ann an 2011 fhoillseachadh. Tha an aithisg agam a' toirt seachad tuairisgeul coileanta air càileachd uisge òil poblach is prìobhaideach agus a' clàradh obair an sgioba agam ann a bhith a' measadh a bheil Uisge na h-Alba a' solarachadh uisge a tha sàbhailte agus glan. Is e dleastanas nan ùghdarrasan ionadail a bhith a' sgrùdadh uisge prìobhaideach agus is e obair Riaghladair Càileachd Uisge Òil na h-Alba, airson na mòr-chuid, a bhith a' dearcnachadh air a' ghnòthach.

Tha e 10 bliadhna bhon a chruthaich Achd Gnìomhachas an Uisge (Alba) 2002 dreuchd Riaghladair Càileachd Uisge Òil na h-Alba (DWQR) agus cuideachd, Uisge na h-Alba à trì sgìrean ùghdarras uisge fa leth. Tha piseach mòr air a thighinn air càileachd uisge òil poblach anns na 10 bliadhna a chaidh seachad; bha 99.28% de na sampail a thugadh bho thapaichean luchd-caitheimh a' ruigsinn nan ìrean iomchaidh ann an 2002, agus tha seo air èirigh gu 99.84% ann an 2011.

Thogadh dragh ann an aithisg 2010 mu shìor fhàilligeadh anns na h-ìrean a thaobh trihalomethanes (THMan). Tha THMan air an dèanamh nuair a bhios stuthan organach nàdarra sna bun-uisgeachan a' ceangal ri clòirin. Tha mi toilichte innse ann an 2011 gu bheil an àireamh shampail a dh'fhàillig air tuiteam gu mòr air sgàth tasgadh leantail ann an càileachd uisge agus riaghladh air dì-thruaillidh aig ionadan giollachd uisge. Bidh Uisge na h-Alba a' cuimseachadh tasgadh air a' chùis seo anns na bliadhnaichean ri teachd.

Tha mi air briseadh dùil fhaighinn gu bheil tuiteam ann an gèilleadh ri ìrean a thaobh bheathagan ann an 2011 airson bacteria coliform ann an sampail a thogadh bho ionadan giollachd uisge agus lochan-tasgaidh seirbheis. Tha sgrùdadh a bheil comharraidhean bheathagan an làthair a' sealltainn dè cho math 's a tha Uisge na h-Alba a' coileanadh a dhleastanas a thaobh dì-thruaillidh an uisge a bhios e a' solarachadh, agus dìonachas nan lochan-uisge seirbheis a chleachdas e gus uisge a thasgadh.

Tha Uisge na h-Alba a' rannsachadh a h-uile fàilligeadh sampail airson adhbhar a lorg ach, ann an 2011, bha àireamh shusbainteach dhiubh sin nach d' fhuair adhbhar sam bith, no gur e an t-adhbhar lochdan anns na goireasan samplaidh. Tha toradh an dearcnachaidh seo agus rannsachadh sam bith a thig na chois riatanach airson earbsa a thoirt do luchd-caitheimh, DWQR agus proifeiseantaich slàinte agus feumar sgrùdadh nas dèine gus dèanamh cinnteach gun tèid cùisean a chur ceart nuair a thig duilgheadasan am bàrr. Is e dleastanas Uisge na h-Alba dèanamh cinnteach às càileachd nan goireasan samplaidh aca. Tha mi air bruidhinn ri Uisge na h-Alba mu na cùisean seo agus tha iad leagte leasachadh a dhèanamh.

Tha aithisgean roimhe seo air càileachd uisge òil an Alba air cuideam a chur air measadh cunnairt agus deasachadh phlanaichean sàbhailteachd uisge airson solarachadh uisge òil a riaghladh. Tha mi toilichte aithris gu bheil Uisge na h-Alba air planaichean sàbhailteachd uisge a dhèanamh airson a h-uile siostam solarachaidh aca agus tha na planaichean sin air an ath-bhreithneachadh agus air an ùrachadh gu cunbhalach. Tha iad a-nis air an cleachdadh airson aithneachadh càite am feum airgead a thasgadh agus ciamar a bu chòir dòighean-obrach atharrachadh mar phàirt den ath-bhreithneachadh air cìsean a tha a' dol an-dràsta.

A thuilleadh air riaghladh solarachadh uisge poblach, tha dleastanas agam cuideachd airson sùil a chumail air uisge prìobhaideach, a tha air a riaghladh le ùghdarrasan ionadail. Tha mu 3% de shluagh na

h-Alba an eisimeil solarachadh prìobhaideach airson an uisge òil, agus bidh aoighean is luchd-tadhail ag òl an uisge sin cuideachd. Is ann air an luchd-seilbh is luchd-caitheimh a tha an dleastanas airson an solarachadh seo a chumail agus obrachadh.

Bidh sgiobaidhean Slàinte Àrainneachd nan ùghdarrasan ionadail a' measadh cunnart agus a' sampladh solarachadh uisge prìobhaideach, agus a' toirt comhairle do luchd-seilbh agus luchd-caitheimh air ciamar a thèid cunnart a lùghdachadh. Tha tabhartas suas ri £800, gun sgrùdadh ionmhasail, ri fhaighinn bho ùghdarrasan ionadail airson gach fearann seilbhe airson piseach a thoirt air càileachd uisge prìobhaideach, agus chaidh £2.1 millean de thabhartasan leasachaidh a thoirt seachad sa bhliadhna ionmhasail 2011/12.

Tha ùghdarrasan ionadail air làn fhiosrachadh air càileachd uisge prìobhaideach a thoirt gu DWQR bho 2008 agus tha càileachd uisge prìobhaideach fhathast na adhbhar dragh. Lorgadh E. coli ann an 18% den t-solarachadh a chaidh a sgrùdadh agus bha gèilleadh ri ìrean riaghlaidh aig 91.54%.



Dh'fhàillig àireamh shusbainteach de sholarachadh aig an robh pròiseas dì-thruaillidh, a' sealltainn cho anabarrach cudromach 's a tha dealbhadh, cur an sàs agus cumail phròiseasan giollachd.

Bidh sgioba DWQR ag obair gu dlùth còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus proifeiseantaich slàinte anns na mìosan ri thighinn airson roi-innleachd a dhealbhadh a bheil piseach air solarachadh uisge prìobhaideach agus a nì cinnteach gun dèanar oidhirp dhealasach gus cunnart aithneachadh agus a làimhseachadh gu h-èifeachdach.

Uile gu lèir, tha e math cunntas a thoirt seachad air leasachadh a rinneadh air càileachd uisge òil na h-Alba thar nan 10 bliadhna a chaidh seachad. Bu toil leam a-nis coimhead air adhart ri tuilleadh leasachaidh fhathast agus dòigh-obrach nas gnìomhaich a' tighinn am bàrr tro Phlanaichean Sàbhailteachd Uisge gus cunnart do chàileachd uisge a làimhseachadh agus fàilligeadh a lùghdachadh.

Sue Petch

Sue Petch



Bidh Riaghladair Càileachd Uisge Òil na h-Alba a' riaghladh càileachd uisge a bhios Uisge na h-Alba a' cur gu na tapaichean againn agus a' dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan ionadail a' coileanadh an dleastanais a thaobh càileachd uisge prìobhaideach a riaghladh.

Chaidh dreuchd Riaghladair Càileachd Uisge Òil na h-Alba (DWQR no an Riaghladair) a chruthachadh leis an Achd Gnìomhachas Uisge (Alba) 2002, a tha a' toirt grunn chumhachdan don Riaghladair a dhol a-steach a dh'fhàrdach mar phàirt de rannsachadh, airson fiosrachadh fhaighinn agus airson riaghailtean a chur an sàs. Tha an aithisg seo a' coileanadh na feumalachd fon Achd gum foillsich an DWQR aithisg air obair an Riaghladair thar na bliadhna a chaidh seachad. Tha an aithisg seo a' buntainn ris a' bhliadhna mìosachain 2011.

Tha na h-irean càileachd a dh'fheumas solarachadh uisge òil ruigsinn air an cur an cèill ann an Riaghailtean agus is e obair an DWQR dèanamh cinnteach gun gèilllear ris na Riaghailtean seo. Ann an Alba, is e na Riaghailtean a bhuineas ri càileachd an uisge a bhios Uisge na h-Alba a' solarachadh Riaghailtean Solarachadh Uisge (Càileachd Uisge) (Alba) 2001. Tha a Riaghailtean fhèin aig solarachadh uisge prìobhaideach – Riaghailtean Solarachadh Uisge Prìobhaideach (Alba) 2006 – a bhios ùghdarrasan ionadail a' cur an sàs. Tha Ìrean Càileachd anns na Riaghailtean gu lèir a' tighinn bho Òrdugh Uisge Òil na h-Eòrpa 98/83/EC.

SOLARACHADH UISGE POBLACH ANN AN ALBA

Ann an Alba bidh an solaraidhe uisge, Uisge na h-Alba, a' cruinneachadh agus a' sgrùdadh nan sampall aca fhèin a shealltainn gu bheil an uisge a' gèilleadh ris na feumalachdan riaghlaidh. Tha seo a rèir cleachdadh gnìomhachas an uisge anns a' chòrr den Rìoghachd Aonaichte, agus bidh DWQR a' dèanamh cinnteach gun deach a dhèanamh san dòigh cheart agus a' dearcnachadh air na toraidhean. Bidh DWQR cuideachd a' sgrùdadh grunn gnìomhan aig Uisge na h-Alba a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air càileachd agus a' sgrùdadh thachartasan cudromach sam bith co-cheangailte ri càileachd a thèid innse.

Bidh uisge òil a' tighinn à grunn bhun-uisgeachan ann an Alba agus feumar giollachd a dhèanamh air gu lèir mus bi e aig ìre càileachd a tha math gu leòr airson òil. Tha an uiread agus an seòrsa giollachd an urra ri gnè an t-solarachaidh, a chàileachd agus cunnart sam bith don chàileachd. Tha an t-uisge uile a bhios Uisge na h-Alba a' solarachadh an Alba air a dhì-thruaillleadh. Mar as tric thèid seo a dhèanamh le bhith a' cur clòirin, ann an uimhir air a bheil smachd teann ga chumail, gus a dhèanamh sàbhailte. Tha geàrr-chunntas air solarachadh uisge poblach an Alba ri fhaicinn gu h-ìosal.



243 Bun-uisgeachan Loch is Loch-tasgaidh



198 Bun-uisgeachan Aibhne



84 Bun-uisgeachan Toll-cladhaich is Fuarain



47,000 km de Phrìomh Phìoban Uisge



265 Ionadan-giollachd Uisge



1,056 Àiteachan-tasgaidh


GÈILLEADH RI ÌREAN – DÈ CHO MATH 'S A BHA AN T-UISGE ÒIL AGAINN ANN AN 2011?

Rinn Uisge na h-Alba 323,742 sgrùdaidhean riaghlaidh aig a bheil ìrean àireamhail air uisge òil na h-Alba ann an 2011 agus mòran eile air adhbhar obrach. Rinneadh cuid den sgrùdadh seo air sampail a thogadh bhon uisge nuair a dh'fhàgas e ionad-giollachd agus àite-tasgaidh, ach rinneadh a' chuid bu mhotha den sgrùdadh air thuairneam bho thapaichean luchd-caitheimh feadh na dùthcha, agus 's ann an seo, mar as tric, a thèid gèilleadh a thomhas oir is ann an seo a bhios luchd-caitheimh ag òil an uisge.

Ann an 2011, rinneadh 151,597 sgrùdadh air sampail a chaidh a chruinneachadh bho thapaichean luchd-caitheimh agus bha 99.84% aca a' gèilleadh ris na h-ìrean. Tha am fiosrachadh seo a' dol còmhla ri fiosrachadh à Sasainn, a' Chuimrigh is Èirinn a-Tuath gus gèilleadh na RA ri riatanasan Òrdugh an AE air Uisge Òil a shealltainn.

Tha a' chairt a' nochdadh gu bheil an àireamh fàilligidh ìrean uisge òil air tuiteam gu mòr thar nan 10 bliadhna a chaidh seachad, bhon a chaidh Uisge na h-Alba a stèidheachadh. Tha e cuideachd a' sealltainn gu bheil pìos ri dhol fhathast mus ruig càileachd uisge ann an Alba an aon ìre ri Sasainn 's a' Chuimrigh gu cunbhalach. Thathas an dòchas gun urrainn do dh'Alba sìor phiseach a thoirt gu buil thar nam bliadhnaichean ri teachd tro thasgadh airgid agus daingneachd a thaobh measadh chunnartan.

Gèilleadh Coimeasach aig Tapaichean Luchd-caitheimh san RA






CÀILEACHD UISGE AIG IONADAN-GIOLLACHD

Tha an 265 ionad-giollachd uisge ann an Alba gu math eadar-dhealaichte ann am meud, ach tha iad uile air an sampladh gu cunbhalach. Ann an 2011, rinneadh 68,241 sgrùdadh air sampail a chruinneachadh bho ionadan-giollachd. Tha na prìomh chomharraidhean gèilleachd a' buntainn ri meanbhagan – coliforms agus *E. coli* – agus tha iad seo nan comharraidhean cudromach air èifeachd dì-thruaillidh. Ann an 2011, bha coliforms ann an 0.17% de shampail, uiread nas motha na 2010, agus bha *E. coli* ann an 0.02% de shampail – uiread beagan nas lugha.

Is e meanbhag a th' ann an *Cryptosporidium* a bhios ag adhbharachadh tinneas agus faodaidh e a bhith ann an uisge amh a th' air a thruaillidh le stuth innearach. Bu chòir don phròiseas dì-thruaillidh a ghlanadh às. Tha Ministearan na h-Alba ga chur mar fhiachaibh air Uisge na h-Alba a bhith a' sampladh agus a' sgrùdadh airson *Cryptosporidium* anns a h-uile solarachadh cho tric 's a tha iomchaidh a rèir a' chunnairt. Ann an 2011 rinn Uisge na h-Alba 8,919 sgrùdadh airson *Cryptosporidium* air uisge a' fàgail ionadan-giollachd. Lorgadh oocysts *Cryptosporidium* ann an 378 sampail aig 91 ionad-giollachd. Tha seo a' ciallachadh gu robh oocysts ann an 4.24% de shampail, nas miosa na 2010 agus an gèilleadh as miosa bho 2008. Tha Uisge na h-Alba a' dèanamh tuilleadh tasgaidh an-dràsta ann am pròiseasan giollachd a shuidheachadh gus *Cryptosporidium* a ghlanadh às agus tha DWQR an dùil ri piseach susbainteach ro 2015.

Tha e na bhriseadh dùil nach tàinig piseach air càileachd uisge aig ionadan-giollachd ann an 2011 a dh'aindeoin tasgadh airgid. Tha sgrùdaidhean DWQR air ionadan a' sealltainn gu bheil luchd-obrach ag obair aig ìre àrd, airson na mòr-chuid, ged a bha staid na h-acfhainn giollachd a' nochdadh gur mathaid gu bheil feum air tasgadh ann an obair cumail. Ann an cuid de shuidheachaidhean dh'fhaodadh fianais a bhith ann gu bheil càileachd an uisge amh a thig a-steach do na h-ionadan giollachd air tuiteam uiread 's gu bheil e a' faileachadh air na pròiseasan giollachd a bhith cunbhalach a' libhrigeadh uisge a tha math gu leòr agus tha planaichean gan deasachadh airson dèiligeadh ri seo.

Tha e mar fhiachaibh air Uisge na h-Alba dèiligeadh ri cunnart do chàileachd uisge tron Phlana Sàbhailteachd Uisge (PSU) gus a bhith cinnteach gun tèid tasgadh airgid san àm ri teachd a chuimseachadh sna h-àiteachan ceart. Feumar tasgadh freagarrach a dhèanamh cuideachd airson na goireasan a tha ann an-dràsta a chumail. Ged a tha e math, gabhaidh càileachd uisge aig ionadan-giollachd a dhèanamh nas fheàrr, rud a tha deatamach.





CÀILEACHD UISGE ANN AN SIOSTAMAN SGAOILIDH

Is e an siostam sgaoilidh an lìonra phìoban a bhios a' giùlan an uisge gu dachaighean an luchd-caitheimh agus gu àiteachan-tasgaidh leithid tùr uisge agus lochan-tasgaidh seirbheis. Tha còrr is mìle àite-tasgaidh aig Uisge na h-Alba agus còrr is 47,000km de phrìomh phìoban uisge agus feumaidh e dèanamh cinnteach nach dèan staid nan goireasan seo cron air càileachd an uisge.

Feumaidh Uisge na h-Alba a h-uile àite-tasgaidh a shampladh uair san t-seachdain agus sgrùdadh airson E. Coli agus bacteria coliform. A rèir nan Riaghlaidhean, tha e ceadachd coliforms a bhith ann an 5% de shampaill bho àite-tasgaidh mus fàillig e an ìre, ach, bu chòir rannsachadh a dhèanamh a h-uile turas a thèid truailleadh den t-seòrsa a lorg. Ann an 2011, bha E. coli ann an 13 sampail agus dh'fhàillig còig àiteachan-tasgaidh an riathanas 95% airson coliforms. Tha an dà thoradh seo nas miosa na 2012, agus tha seo cuideachd na bhriseadh dùil. Feumar rannsachadh nas brìghmhor a dhèanamh nuair a thachras fàilligeadh meanbhagach airson bun-adhbharan a lorg agus dèiligeadh riutha. Tha Uisge na h-Alba air piseach a thoirt air a' phrògram glanaidh agus sgrùdaidh aca air àiteachan-tasgaidh, agus thathas an dòchas gun lùghdaich seo an uiread fàilligidh.

Ged a tha iad air an tomhas aig tapaichean an luchd-caitheimh, tha gèilleadh a thaobh iarann agus manganese na chomharradh air staid an t-siostam sgaoilidh agus grùid sam bith a th' ann. Faodaidh an dà stuth droch dhath a thoirt air an uisge, a tha a' dèanamh dragh mòr do luchd-caitheimh agus ag adhbharachadh ghearanan. Ann an 2011, bha gèilleadh airson iarann nas miosa na 2010. Bha gèilleadh airson manganese beagan nas fheàrr. Tha planaichean aig Uisge na h-Alba a thaobh airgead a thasgadh a bheir piseach air gèilleadh airson na dhà.

Dh'fhàillig
airson iarann


0.91%



CÀILEACHD UISGE AIG TAPAICHEAN AN LUCHD-CAITHEIMH

Tha a' mhòr-chuid de shampaill a thèid a chruinneachadh airson sgrùdadh gèilleadh ri riaghailtean a' tachairt aig tapaichean luchd-caitheimh, agus bidh 51 comharraidhean air an sgrùdadh. Tha bitheantas an t-samplaidh a rèir meud an t-sluaigh anns an sgìre solar uisge. Bha an fhìor mhòr-chuid de shampaill a' gèilleadh gu tur ri riathanasan riaghlaidh. A thaobh meanbh-bhitheòlas, cha robh E. coli ach ann an dà shampall, an aon uiread ri 2010. Bha an gèilleadh bu lugha airson trihalomethanes iomlan (97.27%), iarann (99.09%), luaidhe (99.43%) agus manganese (99.45%). Bha gèilleadh trihalomethane mòran na b' fheàrr na 2010, air sgàth oidhirp co-òrdanaichte le uisge na h-Alba airson fàilligeadh a lùghdachadh. Tha tuilleadh ri dhèanamh fhathast airson gèilleadh a dhèanamh nas fheàrr a rèir a' chomharraidh seo, a tha na fhar-stuth bhon phròiseas dì-thruaillidh nuair a bhios stuth organach nàdarra ag iom-obrachadh le clòirin.

Fàilligeadh aig Tapaichean Luchd-Caitheimh a rèir Comharradh



Tha na h-àireamhan sa cheud a' sealltainn na co-roinn de dh'fhàilligeadh



TACHARTASAN AGUS TACHARTASAN CUDROMACH

Fìor chorrà uair thèid rudeigin ceàrr, agus feumaidh Uisge na h-Alba innse don DWQR mu thachartas sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air càileachd uisge no dragh a chur air luchd-caitheimh. Ann an 2011, chaidh 892 tachartas den t-seòrsa innse don Riaghladair, ionnan ri bliadhnaichean eile. Thèid a h-uile tachartas a mheasadh agus a sheòrsachadh. Tha an fheadhainn as mìosa gan comharradh cudromach agus is dòcha gum feum Uisge na h-Alba làn aithisg a dhèanamh orra agus measadh sgrìobhte a dhèanamh, le molaidhean mar a tha iomchaidh. Thèid measaidhean nan tachartasan cudromach fhoillseachadh air làrach-lìn an DWQR. Ann an 2011, chaidh 84 tachartas a ghairm cudromach. Tha an uiread thachartasan cudromach a dh'adhbhraicheadh le fàilligeadh a' phròiseas dì-thruaillidh tro 2011 na adhbhar dragh gu h-àraidh. Tha dì-thruaillidh eifeachdach uisge na bhunait air dìon slàinte a' phobail agus na riathanas anns na Riaghailtean. Tha e mar fhiachaibh air Uisge na h-Alba obair gus leasachadh a dhèanamh sa chùis seo.

Chaidh dà thachartas cudromach a rannsachadh ann an 2011:

- Ionad-giollachd Burncrooks, Taobh Siar Ghlaschu
Bha fàilligeadh pròiseis aig an ionad-giollachd a leig cus aluminium don uisge agus mar thoradh, chaidh an sluagh a bhacadh a bhith ga chaitheamh.
- Ionad-giollachd Cheann a' Bhàigh, Uibhist a-Tuath
Bha duilgheadas aig an ionad ann a bhith a' giollachd an uisge a bha a' tighinn a-steach, agus mar thoradh, bha lùghdachadh air càileachd an uisge a chaidh a-mach, leis an uiread aluminium nas àirde na an ìre cheadaichte thar ùine fhada.

TOMHAS AGUS SGRÙDADH

Tha Tomhas agus Sgrùdadh nam prìomh phàirt de dh'obair DWQR agus thèid grunn sgrùdaidhean a dhèanamh air feadh na h-Alba gach bliadhna, a' tomhas a rèir fheumalachdan riaghlaidh agus cleachdadh as fheàrr a' ghnìomhachais. Tha seo a' leigeil leis an Riaghladair dearcnachadh air obair Uisge na h-Alba agus cluinntinn mu chùisean bhon luchd-obrach fhèin cho math ri bhith a' dèanamh coimeas eadar cleachdaidhean eadar-dhealaichte air feadh na h-Alba. Nuair a thèid lochdan aithneachadh, thèid molaidhean a dhèanamh, agus sùil a chumail air mar a thèid trioblaidean fhuasgladh. Tha na cleachdaidhean as fheàrr gan toirt fa-near cuideachd.

Ann an 2011 chaidh sgrùdadh a dhèanamh air:


- 6 ionadan-giollachd uisge
- 7 gnìomhan sgaoilidh
- 23 brathan luchd-caitheimh gu Uisge na h-Alba mu chàileachd

Sheall na sgrùdaidhean air ionadan-giollachd agus siostaman sgaoilidh grunn chùisean math cho math ri cùisean far a bheil feum air leasachadh. 'S e a' phrìomh chùis ann an ionadan-giollachd a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil comharraidhean air innealan cunbhalach agus obair-cumail gnàthach ga dhèanamh. Bha stòradh stuthan is acfhainn ann an dòigh ghlan nuair a tha iad ann an àiteachan sealach, tasganan aig ionadan-obrach agus carbadan na dhuilgheadas cumanta am measg luchd-cùmhnaint ag obair air pròiseactan ath-ùrachaidh air prìomh phioban. Anns an ionad-chonaltraidh, chruinnich luchd-conaltraidh fiosrachadh ann an dòigh mhath agus chleachd iad grunn innealan-taice agus siostaman-taice airson ceasnachadh freagarrach a dhèanamh mu chùisean luchd-caitheimh.

BRATHAN LUCHD-CAITHEIMH

Ann an 2011 fhuair Uisge na h-Alba faisg air 26,000 brath bho luchd-caitheimh mu dheidhinn càileachd uisge, 26% a bharrachd air 2010. Bha an t-àrdachadh susbainteach seo airson gun do rinn barrachd luchd-caitheimh gearan mu dhroch dhath no àidhear san uisge agus blas clòirin no meatailt.

Àite Coimeasach ann an Gnìomhachas Uisge na h-Alba



An coimeas ri roinnean eile den RA, bidh Uisge na h-Alba a' faighinn grunn susbainteach a bharrachd air an ìre chuibheasaich de bhrathan, le faisg air 52 brath gach 10,000 neach-caitheimh. Anns na cùisean càileachd uisge far as cumanta brathan, tha seo a' ciallachadh gu bheil Uisge na h-Alba am measg nan companaidhean uisge as miosa san RA.

Is e prìomh adhbhar airson seo staid nan lìonraidhean prìomh phioban agus tha a' chompanaidh a' cumail orra a' leasachadh nam prìomh phioban aca mar phàirt de phrògram tasgaidh mòr. Ged a tha Uisge na h-Alba air 20% den phrògram seo a thoirt gu buil, tha e na bhriseadh dùil nach eil an ìre tasgaidh airgid air feadh na dùthcha air lùghdachadh a thoirt air dragh luchd-caitheimh fhathast. Tha Ministearan na h-Alba air lùghdachadh ann am brathan luchd-caitheimh a stèidheachadh mar amas a bu chòir a ruigsinn ro 2015 agus feumaidh Uisge na h-Alba oidhirp a dhèanamh dèiligeadh ris an droch staid seo ma tha iad a' dol a ruigsinn an amais sin.

Tha an DWQR den bheachd gu bheil obair air na lìonraidhean ag adhbharachadh cuid de na brathan. Feumaidh Uisge na h-Alba rannsachadh na buaidh a th' aig obair air na lìonraidhean agus smachd a chumail air gus droch dhath is àidhear san uisge a lùghdachadh uiread 's a ghabhas.



SOLARACHADH UISGE PRÌOBHAIDEACH

Is e solarachadh uisge prìobhaideach (SUP) solarachadh uisge nach eil fo dhleastanas Uisge na h-Alba ach nan daoine leis a bheil e agus a chaitheas e. Bidh ùghdarrasan ionadail a' cur Riaghailtean Solarachadh Uisge Prìobhaideach (Alba) 2006 ('Riaghailtean 2006') an sàs agus tha seo air a dhearfnachadh le DWQR.

Tha iomadh bun-uisge eadar-dhealaichte aig SUP, agus tha iomadh dachaigh agus gnìomhachas nan eisimeil airson an uisge òil. Ann an 2011 bha 2,318 solarachadh clàraichte Seòrsa A air feadh na h-Alba. Is e solarachadh Seòrsa A an seòrsa a bhios a' solarachadh 50 neach no barrachd no 103m no barrachd de dh'uisge agus SUP a tha ga chleachdadh ann an gnìomhan marsanta no poblach. Tha 17,568 solarachadh dachaigh eile a tha nas lugha air a bheil SUP Seòrsa B. Tha mu 3% de shluagh na h-Alba an eisimeil SUP airson an uisge òil, ach bidh grunn math daoine eile, mar eisimpleir aoiaghean agus luchd-tadhail, ag òl an uisge seo cuideachd.


Bidh sgiobaidhean Slàinte Àrainneachd aig ùghdarrasan ionadail ag ath-bhreithneachadh measadh cunnairt agus a' sampladh SUP Seòrsa A mòr. Ann an 2011, chaidh 53,505 sampail a chruinneachadh gus gèilleadh ri riatanasan Riaghailtean 2006. Tha càileachd uisge ann an SUP ann an 2011 na chùis dragh, gu h-àraidh a thaobh bheathagan. Às na 3,246 sampail a chruinneachadh airson E. coli, a tha ga chleachdadh mar chomharradh air truailleadh innearach, bha E. coli ann an 583 (17.96%) agus mar sin, dh'fhàillig iad an ìre. An coimeas ri seo cha do dh'fhàillig ach 0.01% de dh'uisge poblach an ìre.

Faodaidh truailleadh innearach ann an uisge òil a bhith na chunnart sa bhad do shlàinte duine sam bith a dh'òlas e, a' gabhail a-steach an neach-seilbh, an clann agus luchd-tadhail sam bith. Tha luchd-seilbh is luchd-caitheimh SUP air an comhairleachadh gu làidir a bhith a' leantainn stiùireadh sam bith a bheir sgioba Slàinte Àrainneachd dhaibh airson cunnart a lùghdachadh.

Thachair àireamh shusbainteach de dh'fhàilligeadh air adhbhar mion-bhitheòlach aig SUP a dh'aindeoin gun deach aithris gu robh pròiseas dì-thruaillidh ann. Tha e deatamach gun tèid pròiseas giollachd uisge sam bith air SUP obrachadh agus a chumail gu cùramach a rèir stiùireadh an luchd-dèanamh gus am bi e an-còmhnaidh èifeachdach agus airson cunnartan slàinte a lùghdachadh.

Dh'fhàillig 20.92% de shampaill an ìre airson dath. Glè thric is e stuth nàdarra organach bho sgìre cruinneachaidh an uisge an adhbhar airson dath a bhith ann. Faodaidh e droch choltas a thoirt air an uisge, agus faodaidh e cuideachd droch bhuaidh a thoirt air siostaman dì-thruaillidh. Bithear tric a' cleachdadh solas ultraviolet (UV) airson SUP a dhì-thruaillidh, a' marbhadh bheathagan a dh'fhaodadh a bhith nan cunnart slàinte. Faodar an solas UV a shùghadh a-steach leis an dath anns an uisge agus cron mòr a dhèanamh air tàbhachd a' phròiseas dì-thruaillidh. A thuilleadh air seo, ma chleachdar clòirin airson dì-thruaillidh, faodaidh na stuthan bhon tìg an dath ceangal ris agus trihalomethanes a chruthachadh, a tha cuideachd nan cunnart slàinte. Dh'fhàillig 21.78% de shampaill na h-ìrean airson pH, a tha a' tomhas searbhachd no salann na groide anns an uisge. Ged nach eil pH an uisge coltach a bhith na chunnart slàinte ann fhèin, faodaidh uisge a tha a' fàilligeadh na h-ìre airson pH toirt air meatailt anns na pìoban a bhith a' sgaoileadh san uisge òil. Dh'fhàillig 29.33% de shampaill airson copair. Bha grunn fhàilligidhean ann airson luaidhe ann an SUP, le 6.35% de shampaill a' fàilligeadh na h-ìre. Tha an ìre a th' ann an-dràsta, 25µg/l ag atharrachadh gu 10µg/l aig deireadh 2013, stèidhichte air stiùireadh Buidheann Slàinte an t-Saoghail. Nan deigheadh an ìre nas teinne seo a chleachdadh, cha mhòr nach dùblaicheadh an reat fàilligidh gu 11.98%. Is e an dòigh as èifeachdaich air cunnart bho luaidhe a lùghdachadh a bhith a' cur pìoban is tancaichean ùra an àite feadhainn luaidhe agus dèanamh cinnteach gur e tàthadh gun luaidhe a thèid a chleachdadh ann an siostaman uisge òil.

Tha tabhartasan suas ri £800, gun sgrùdadh ionmhasail, ri fhaighinn bho ùghdarrasan ionadail don h-uile duine leis a bheil no a chleachdas SUP airson piseach a thoirt air uisge prìobhaideach, agus chaidh £2.1 millean de thabhartasan leasachaidh a thoirt seachad sa bhliadhna 2011/12.



Faodar fios a chur air DWQR le bhith a' sgrìobhadh gu:

Riaghladair Càileachd Uisge Òil na h-Alba
Bogsa Oifis-puist 23598
DÙN ÈIDEANN
EH6 6WW

no tron làraich-lìn againn: www.DWQR.org.uk

no le bhith a' fònadh 0131 244 0224